



## Gairm Fianais

Tha Comataidh Eaconomaidh Dùthchail is Co-cheangailteachd ag iarraidh air a h-uile duine agus buidheann le ùidh sa chùis fianais sgrìobhte a chur thuca air Bile nan Eilean (Alba) agus a' bhuidheann a dh'fhaodadh a bhith aig a' Bhile air cùisean. Tha a' Chomataidh gu sònraichte ag iarraidh ur beachdan a chluinntinn mu na ceistean a leanas:

1. Tha am Bile a' stèidheachadh dleastanas gus Plana Nàiseanta nan Eilean fhoillseachadh agus a chur air beulaibh Pàrlamaid na h-Alba. Dè ur beachdan air sin?
2. Fon Bhile bidh aig Ministearan na h-Alba agus cuid a dh'ùghdarrasan poblach Albannach ri measaidhean a dhèanamh air a' bhuidheann a dh'fhaodadh a bhith aig poileasaidhean air na h-eileanan. A bheil sibh ag aontachadh ris a' chumha sin? Ciamar a bu chòir dha obrachadh gu pragtaigeach nur beachd-se?
3. Tha am Bile a' moladh gun tèid dìon a dhèanamh air crìochan na roinne-pàrlamaid, Na h-Eileanan an Iar, gus nach tèid atharrachadh. A bheil sibh ag aontachadh ri sin?
4. Tha am Bile a' moladh saoradh bho na riaghailtean airson uàrdan-taghaidh riaghaltais ionadail gus an urrainn do sgìrean, sa bheil eileanan air a bheil daoine a' fuireach, a bhith taghadh 1 no 2 bhall (an àite 3 no 4 mar a bhios a' tachairt gu h-àbhaisteach). Dè ur beachdan air a' mholadh sin?
5. Cruthaichidh am Bile cumhachd laghail do Mhinistearan na h-Alba far an urrainn dhaibh sgeama ceadachd mara a stèidheachadh airson uisgeachan faisg air a' chosta. A bheil sibh ag aontachadh ris a' chumhachd sin? A bheil beachdan agaibh air mar a bu chòir dha a bhith air a chleachdadh?
6. A bheil am Bile a' coileanadh nan amasan aige agus a bheil sibh a' toirt taic dha san fharsaingeachd? A bheil dad eile ann a tha sibh a' smaoinichadh a bu chòir a bhith sa Bhile, no a bheil dad ann a bu chòir a thoirt às?
7. A bheil beachdan agaibh mun Bhile a thaobh chòraichean daonna no chùisean co-ionannachd?

Faodaidh sibh freagairt a thoirt don a h-uile ceist no dìreach freagairt a thoirt do chuid dhiubh sa bheil ùidh shònraichte agaibh.

### ***Adhbhar a' Bhile***

'S e as adhbhar don Bhile, poileasaidhean atharrachadh gus an tig piseach air suidheachadh nan coimhearsnachdan eileanach ann an Alba.

### ***Mar a chuireas sibh fianais a-steach***

Mus cuir sibh beachdan a-steach, feuch gun leugh sibh ar [Poileasaidh airson Dèiligeadh ri Fianais Sgrìobhte a gheibh Comataidhean Cuspair agus Comataidhean Riatanach](#).

Feuch gun cuir sibh ur beachdan a-steach **air no ro Diluain 25 Sultain 2017**.

Mas urrainn dhuibh, bu chòir dhuibh ur freagairtean a chur ann am post-d san fhòrmat MS Word gu: [rec.committee@parliament.scot](mailto:rec.committee@parliament.scot)

Tha sinn a' cur fàilte air freagairtean sa Ghàidhlig, sa Bheurla no ann an cànan sam bith eile.

Bu chòir freagairtean sgrìobhte a chur gu: *Comataidh na h-Eaconamaidh Dùthchail is Cheanglaichean, Seòmar T3.60, Pàrlamaid na h-Alba, Dùn Èideann EH99 1SP*

Feuchaibh ri cumail ri **ceithir duilleagan de phàipear A4 aig a' char as fhaide** leis na freagairtean agaibh mas urrainn dhuibh.

**Dh'fhaodadh gun tèid an fhianais sgrìobhte uile a gheibhear fhoillseachadh leis a' Phàrlamaid agus thèid dèiligeadh ris an fhianais sin mar sgrìobhainn phoblach. Ma tha sibh ag iarraidh fianais a chur a-steach gu dìomhair no gun urra, feuch gun leugh sibh am poileasaidh a gheibhear tron cheangal gu h-àrd no cuiribh fios gu Heather Lyall (fios dhi gu h-ìosal).**

### ***Fiosrachadh Conaltraidh***

Ma tha sibh feumach air an fhiosrachadh seo ann an cruth eile no taic a bharrachd le bhith cur fianais sgrìobhte a-steach chun na Comataidh, feuch gun cuir sibh fios gu Sgioba Chlàrcan na Comataidh.

**Airson fiosrachadh mun Chomataidh, cuiribh fios gu: Heather Lyall, fòn 0131 348 5229, post-d: [heather.lyall@parliament.scot](mailto:heather.lyall@parliament.scot)**

**Airson tuilleadh fiosrachaidh, faodaidh luchd-naidheachd fios a chur gu:** Cat Synnot, fòn 0131 348 5605, post-d: [cat.synnot@parliament.scot](mailto:cat.synnot@parliament.scot)

**Airson cheistean san fharsaingeachd, cuiribh fios gu:** 0845 278 1999 (aig a' phrìs airson a bhith fònadh gu h-ionadail), post-d: [sp.info@scottish.parliament.uk](mailto:sp.info@scottish.parliament.uk)

**Tuilleadh fiosrachaidh air mar a thèid laghan aontachadh:**  
<http://www.scottish.parliament.uk/visitandlearn/100529.aspx>